

**Comataidh Sgrùdaidh & Dearbhaidh**

**10/11/22, 0900-1200**

**PQ/Zoom**

Dreach geàrr-chunntas

Bòrd:           Iain Mac a' Mhaoilein (sa Chathair)           Marion Nic na Ceàrdaich  
                  Rhoda NicDhòmhnaill                           Ceit-Anna NicLeòid  
                  Calum MacLeòid  
                  Ailean Dòmhnallach (Neach-amhairc)

Luchd-obrach: Dòmhnall Caimbeul [DC] (Àrd-Oifigear)  
                  Ealasaid Dhòmhnallach [EMD] (Stiùiriche Ro-innleachd & Chùisean Taoibh A-Muigh)  
                  Donaidh Dhòmhnallach [DMD] (Manaidsear Gnìomhachais)  
                  Sarah NicDhòmhnaill [SMD] (Cunntasair)  
                  Uisdean MacLeòid [UML] – airson puingeon 1-9  
                  Mairi Anna NicAonghais [MAMI] (a' sgrìobhadh geàrr-chunntas)  
                  Claire NicLeòid [CML] – airson puing 12

**1. Leisgeulan**

1.1 Cha robh gin

**2. Gnothaichean dearbhte**

2.1 Cha robh gin.

**3. Geàrr-chunntas na coinneimh mu dheireadh (15/9/22)**

3.1 Aontaichte.

**4. Gnothaichean ag èirigh**

4.1 Comharraichte.

**5. Pasgan Cunntasachd Q2 2022-23**

5.1 Bha Pasgan Cunntasachd na ràithe seo air beulaibh bhall.

- 5.2 Chaidh mìneachadh a thoirt seachad a thaobh còrr (surplus) aig an leth-bhliadhna agus an dùil ri easbhaidh (deficit) aig deireadh na bliadhna an àite an còrr ris an robh dùil anns a' Phlana Obrachaidh airson na bliadhna.
- 5.3 Chaidh innse gu robh an easbhaidh ag èirigh am-bliadhna ri linn a bhith a' cosg an còrr a dh'èirich an-uiridh nuair a chaidh dràma a ghluasad air ais beagan mhìosan bho aon bhliadhna ionmhais chun ath bhliadhna ionmhais. Chaidh an t-airgead a chur gu taobh, le aonta Riaghaltas na h-Alba, airson sin a cheadachadh ged is e dùil àbhaisteach Riaghaltas na h-Alba gun tèid airgead bliadhnail a chosg seach a thasgadh.
- 5.4 Chaidh dearbhadh gu robh an sruth-airgid gu ruige ceann-bliadhna 31 Màrt 2023 comasach gun a bhith ag adhbharachadh trioblaid agus nach biodh cùl-stòran (reserves) na buidhne air an cleachdadh air fad ro dheireadh na bliadhna.
- 5.5 Chaidh ceist a chur an robhas a' dol air aghaidh le poileasaidh chùl-stòran agus chaidh dearbhadh gun tig a' chuspair gu aire na Comataidh sa Ghearran 2023.
- 5.6 **Co-dhùnadh**: bha buill riarachta.

## 6. **KPIs/Dashboard**

- 6.1 Bha pàipear agus KPIs/Dashboard air beulaibh bhall agus bhruidhinn DMD mun phàipear.
- 6.2 Chaidh faighneachd an robh dùil gum biodh ruigse seachdainneil nas àirde agus chaidh innse gur ann ann an Q3 a bha dùil ri àrdachadh (eadar 1 Dàmhair agus 31 Dùbhlachd).
- 6.3 Chaidh ceist a chur a thaobh luachadh an luchd-amhairc (audience appreciation) agus ciamar a tha sin ga thomhas. Chaidh innse gur ann tro rannsachadh TRP a bha seo a' tighinn agus gur ann a' tomhas na seanail loidhneach a bha seo, seach susbaint ann an riochd goirid no an iPlayer. Bha aithne ann nach robh aon siostam tomhais ann a bha comasach air dealbh choileanta air pàtrain cleachdaidh nam meadhanan Gàidhlig a thoirt seachad, agus nach robh BBC ALBA ga thomhas air siostam BARB ri linn gu feumadh leudachadh mòr a dhèanamh air an t-siostam sin airson ìre earbsa iomchaidh fhaighinn. Chaidh faighneachd am biodh e comasach eacarsaich a chumail airson àireamhan thar na h-oidhche (overnight figures) a cheannach bho BARB airson cuid a phrògraman.
- 6.4 Bha aithne ann gur dòcha nach bi co-mhaoineachadh cho àrd an ath-bhliadhna ri linn tobraichean maoin leithid YACF a' tighinn gu crìoch. Chaidh innse gu bheileas a' dol a-mach gu fastadh airson Coimiseanair gus an raon seo a bhrosnachadh.
- 6.5 Chaidh moladh a thoirt do dh'oifigearan airson an obair sgoinneil a tha ga dhèanamh san raon seo.

- 6.6 Chaidh faighneachd an robhas a’ cleachdadh KPlan na buidhne san dòigh às èifeachdaich airson prìomhachasan na buidhne a thoirt air adhart agus fios air ais a thoirt air mar a bha na cinn-cosgaisean as motha a’ gluasad amasan na buidhne air adhart.
- 6.7 **Co-dhùnadh**: bu chòir ath-choimhead air mar a bha am buidheann a’ cleachdadh siostam KPI airson a bhith a’ riochdachadh phrìomhachasan na buidhne agus a’ tomhas luach ar n-iomairt agus ar n-airgid.
- 6.8 **Gnìomh**: thèid KPlan a làimhseachadh sa Phlana Obhrachaidh a thig chun Bhùird san Dùbhlachd (airson deasbaid) agus a-rithist sa Mhàrt (airson aonta). (DC)

## **7. Riosg**

- 7.1 Bha Clàr Riosgan air beulaibh bhall gu dearbhadh a thoirt don Chomataidh gu bheil riosgan air an comharrachadh agus leasachaidhean (mitigations) air an cur an sàs. Chaidh a mhìneachadh le UM agus DC agus chaidh deasbad a chumail mun phrìomh riosgan a bh’ air beulaibh na Comataidh.
- 7.2 Thèid coimhead air riosgan #21 & #22 feuch a bheil riosg ann nach eil an roinn chruthachail fiosraichte no soilleir gu leòr mu phàtrain-coimhid agus ùrlaran cleachdaidh an luchd-amais airson ‘s gum bi iad air chomas beachdan a chur air adhart a tha a’ freagairt air an fheum.
- 7.3 Chaidh a chomharrachadh gum biodh bùth-obrach Riosg airson buill uile a’ Bhùird a’ leantainn na coinneimh.
- 7.4 Bha pàipear air beulaibh bhall a’ mìneachadh às ùr air mar a tha a’ bhuidheann a’ riaghladh a’ chunnairt a thaobh dìon-saidhbear.
- 7.5 **Co-dhùnadh**: bha buill riarachtaichte gu robh cùisean gan làimhseachadh gu h-ìomchaidh.

## **8. Frèama-obrach Dearbhaidh**

- 8.1 Bha pàipear air beulaibh bhall a’ toirt iomradh a’ leantainn air adhart bho choinneimh na Sultaine. ‘S e seo an dàrna ceum a-mach à trì gus Frèam-obrach Dearbhaidh a chur an gnìomh.
- 8.2 Chaidh aontachadh cho cudromach ‘s a bha e poileasaidhean agus stiùireadh math a stèidheachadh agus an uair sin dèanamh cinnteach gu bheil gèilleadh (compliance) ann.
- 8.3 Chaidh faighneachd an robh an cultair taobh a-staigh na buidhne air atharrachadh mar a bha dhìth agus an robh oifigearan a’ gabhail an uallaich. Chaidh innse nach eil gu leòr eisimpleirean air a bhith ann fhathast ach tha fianais a’ nochdadh gu bheil an cultar a’ tòiseachadh air atharrachadh, le feum air an tuilleadh adhartais a thaobh modhan-obrach.

Bha deagh eisimpleir ann nuair a thàinig cùmhnant Drama air beulaibh a' Bhùird san t-Sultain far an robh sgaradh uallaichean soilleir.

- 8.4 Chaidh aontachadh an ath bhliadhna gum biodh a' Chomataidh a' sùileachadh lèirmheas air an treas loidhne dìon, le fianais, gus dèanamh cinnteach gu bheil a' cheud agus an dàrna loidhne air an stèidheachadh ann an dà-rìribh.
- 8.5 Bha beachd aig a' Chomataidh gum biodh e feumail gum biodh am Fream-obrach a' fighe a-steach do luachan agus fèin-ùghdarrasan na buidhne.
- 8.6 Chaidh còmhradh a dhèanamh mu Leabhar Làimhe na Buidhne agus Leabhar Slàinte & Sàbhailteachd na Buidhne agus ciamar a tha na poileasaidhean nam broinn air fhighe a-steach don Frèama-obrach Dearbhaidh agus gu bheil trèanadh iomchaidh ga thoirt seachad. Thig seo air beulaibh a' Chomataidh sa Ghearran 2023. [\(MAMI\)](#)
- 8.7 Chaidh cudromachd trèanadh aithneachadh, mar a chaidh cudromachd an cultar atharrachaidh a chumail beò.
- 8.8 **Co-dhùnadh**: bha buill riarachta.
- 8.9 **Gnìomh**: Tillidh am Frèama-obrach aontaichte chun Chomataidh le measadh air ìrean coileantais. [\(DC\)](#)

## **9. Plana Leantainneach Gnothaich**

- 9.1 Bha pàipear air beulaibh bhall a' mìneachadh adhartas phlana eacarsaich leantainneach gnothaich (Business Continuity Exercise) 2022, a' mìneachadh gnìomh aig an treas (3mh) loidhne dìon anns am Frèam-Obrach Dearbhaidh.
- 9.2 **Co-dhùnadh**: bha buill riarachta.
- 9.3 **Gnìomh**: thig toraidhean chun na h-ath choinneimh. [\(UML\)](#)

## **10. Slàinte & Sàbhailteachd – aithisg bhliadhnail**

- 10.1 Gach bliadhna, bidh a' Chomataidh a' beachdachadh air aithisg bhliadhnail air Slàinte is Sàbhailteachd, agus tha e na uallach reachdail gun tèid an aithisg chun a' Bhùird gus am bi am Bòrd fiosraichte agus comasach leasachaidhean iomchaidh a chur an gnìomh.
- 10.2 Bhruidhinn DC mun aithisg bhliadhnail air beulaibh bhall. Bha an aithisg bhliadhnail seo airson na bliadhna 1/11/2021 gu 31/10/2022 a' dearbhadh gu bheileas a' coileanadh ar dleastanas a thaobh riaghailtean *Health and Safety at Work Act 1974* agus a' dearbhadh gu bheil an t-àite-obrach sàbhailte agus gu bheil a h-uile cunnart a tha ann air a lùghdachadh mar bu chòir.

- 10.3 **Co-dhùnadh:** bha buill riarachta leis an Aithisg Slàinte & Sàbhailteachd, le aithne mar a tha am Frèam-obrach Dearbhaidh ga leasachadh, an ath bhliadhna thèid am pàipear a tha seo a sgrìobhadh leis na 3 loidhnichean dìon san amharc.
- 10.4 **Gnìomh:** 1) thèid an aithisg Slàinte & Sàbhailteachd air beulaibh a' Bhùird aig coinneamh na Samhna airson aonta. (DC)

## 11. Ath-sgrùdaidhean – Còd giùlain nam Ball & Riaghailtean Ionmhasail

- 11.1 Bha pàipear air beulaibh bhall gus cothrom a thoirt do bhuill sgrùdadh a dhèanamh air dreachd ùr de Chòd Giùlain nam Ball (stèidhichte air Model Code of Conduct Riaghaltas na h-Alba) agus co-dhùnadh a ruighinn air a bheil iad ag iarraidh gur e giùlain (conduct) a-mhàin a bhios ann no am bu chòir gnothaichean riaghlachais (governance) agus rianachd a bhith ann.
- 11.2 Chaidh deasbad a chumail.
- 11.3 Bha a' Chomataidh airson Còd a tha furasta a leughadh, le fòcas air giùlan.
- 11.4 Chaidh aontachadh cuideachd gum feumar an Còd a leughadh an co-bhoinn ri fiosrachadh mu dhleastanasan agus uallaichean bhall, cleachdadh airgead poblach, a bhith fosgailte do bhuailteachd is eile. B' fheàrr gu soilleir dùblachadh a sheachnadh.
- 11.5 Air a' bhunait seo, feumar coimhead air mar a tha an sreath de sgrìobhainnean riaghlaidh - Gnàth Riaghailtean, Sgeamaichean Tiomnachaidh & Rianachd, agus an Còd Giùlain - ag obair còmhla airson dùblachadh a sheachnadh.
- 11.6 Chaidh ceist a thogail mu mholadh an luchd-lagh gum bu chòir aithris a bhith sa Chòd, air a thogail bho Chòd Oifis a' Chaibineit, nach eil e iomchaidh maoin phoblach a chosg air coiteachadh Phàrlamaid.
- 11.7 Chaidh innse gun deach innse dha Ofcom gu robhas ag obair gu ruige a bhith a' cleachdadh am modal seo agus bha iad riarachta le seo.
- 11.3 **Co-dhùnadh:** bha buill den bheachd gum bu chòir ùine a ghabhail airson obair a bharrachd a dhèanamh.
- 11.4 **Gnìomh:** thèid ath-thionndadh den Chòd, le freagairt air na ceistean a chaidh a thogail, air beulaibh na h-ath choinneimh. (DC)

## 12. HR

- 12.1 Bha pàipear air beulaibh bhall gus fiosrachadh iomchaidh a thoirt don Chomataidh gus dearbhadh a thoirt do Bhuill air cùisean luchd-obrach is cosnadh aig Dàmhair 2022.
- 12.2 Bha fiosrachadh ann mu staitistigean neo-làthaireachd luchd-obrach, staitistigean pàighidh gnè, goireasan luchd-obrach agus teisteanasan a fhuairas.

- 12.3 A thaobh pàighidh gnè, chaidh ceist a chur an robh dòigh sam bith ann fianais a shealltainn gu robhas a’ gabhail cheumnan gus seo a làimhseachadh. Chaidh innse gu robh for-ruigheachd (outreach) uabhasach cudromach agus a bhith ag innse ciamar agus càite a tha sanasan-obrach gan cuir gus dèanamh cinnteach gu bheileas a’ ruighinn na buidhnean de dhaoine nach robh an-dràsta. Chaidh innse gu bheil am margaidh air an taobh a-muigh duilich an-dràsta agus gu bheil a’ fastadh dhaoine le Gàidhlig na dhùbhlann cuideachd.
- 12.4 Chaidh innse gum bithear a’ coimhead ri planadh leantainneach luchd-obrach aig Comataidh a’ Chathraiche.
- 12.5 Chaidh ceist a chur a thaobh modhan-obrach Èasgaidh (Agile/Hybrid) agus cultar-obrach an dèidh Covid. Chaidh innse gu bheil seo ga dheasbad aig Làithean Luchd-obrach air 15 & 16 Samhain.
- 12.6 **Co-dhùnadh:** bha buill riarachtaichte.
- 12.7 **Gnìomh:** thig pàipear chun Chomataidh a’ mìneachadh na nithean seo. (DC)

### 13. Sgrùdadh Bhliadhnail Phoileasaidhean

- 13.1 Bha pàipear air beulaibh bhall a’ mìneachadh an sgrùdadh bliadhnail air frèam poileasaidh a tha ag amas air dèanamh cinnteach gu bheil sgrìobhainnean riaghlaidh agus poileasaidhean na buidhne coileanta.
- 13.2 **Co-dhùnadh:** bha buill riarachtaichte.

### 14. Riaghlachas na Comataidh

- 14.1 Bha pàipear agus clàr-obrach na Comataidh airson 2022/23 air beulaibh bhall, a’ sireadh beachdan bhuill an robh a’ Chomataidh a’ dèiligeadh ri gach ni agus a’ freagairt air nithean a thig am bàrr.
- 14.2 **Co-dhùnadh:** bha buill riarachtaichte
- 14.3 **Gnìomh:** thèid Còd Giùlain nam Ball agus Riaghailtean Ionmhasail a chur a-steach do chlàr obrach na Comataidh airson coinneamh a’ Ghearran 2023. (MAMI)

### 15. GISBE

Cha robh gin.

### 16. Deit na h-ath choinneimh – tbc.

Ainm sgrìobhte a’ chathraiche:

Deit: